

## 9 TAR-CHEANGAL AGUS SANDHI<sup>1232</sup>

9.1 Aig deireadh facail ro *pausa* agus aig deireadh gnìomh-labhairt<sup>1233</sup>, tha fuaimreagan agus consain ghuthach buailteach air a bhith air an dì-ghuthachadh agus air an leantainn le puth èadhair. Tha consain neo-ghuthach a gheibhear san t-suidheachadh seo air an leantainn le puth èadhair (consain dhùinte anailichte agus neo-anailichte) no air am fadachadh gu roghnach (suathaich neo-ghuthach). Tha e sònraichte nach cluinnear an dì-ghuthachadh no an t-iar-analachadh seo air na consain fhada /l'/ agus /n/ a gheibhear ann an cuid de dh'fhaclan-iasaid bhon Bheurla.

Chan fhaighear atharrachadh fòineimeach no tar-iathadh mar thoradh air na h-atharrachaidhean seo ; airson tuairisgeil agus beachdachaidh air an fheinimean faic na leanas : § 5.8.1.1 agus § 5.8.1.2 (fuaimreagan), § 5.1.1 (consain dhùinte neo-anailichte), § 5.1.2.3 (consain dhùinte anailichte), § 3.2.4 agus § 5.6 (suathaich), § 5.6.1 (/v/, /f/), § 5.6.4.3 (/v'/), § 5.6.4.4 (/x'/), § 5.6.8.1 (/y'/), § 5.6.8.2 (/x/), § 5.7 (siosaich), § 5.9.2 (/m/), § 5.9.4.1 (/N/), § 5.9.4.2 (/n/), § 5.9.4.4 (/N'/), § 5.9.10.1 (/R/), § 5.9.10.3 (/r/), § 5.9.10.5 (/r'/), § 5.9.17.1 (/L/), § 5.9.17.3 (/L'/), § 5.9.17.4 (/l'/), § 5.9.17.8 (/t/).

9.2 Faodaidh consan dùinte (anailichte agus neo-anailichte) a bhith air a ghuthachadh is e a' leantainn sònraich ann an tar-cheangal fhaclan<sup>1234</sup> ; tha mi am beachd gum bi seo a' tachairt an uair a tha an tar-cheangal gu sònraichte dlùth, m.e. ann an abairtean reòidhte<sup>1235</sup>. Tha an guthachadh sporadach seo anailigeach na ghnè ris an ghuthachadh chunbhalach a gheibhear air na consain dhùinte mar thoradh air pròiseas morfa-fòn-eòlach an t-srònachaidh an dèidh cuid de riochdan an uilt<sup>1236</sup>. Eisimpleirean : /<sub>l</sub> LON 'du/ *lon-dubh* ainr. (*Turdus merula* 'BLACKBIRD') (cf. /tu/ *dubh* br.) ; /x 'nĩN 'd<sub>t</sub>OU<sub>j</sub>N/ *a nighean donn* ('MY FINE LASS') (cf. /t<sub>t</sub>OU<sub>j</sub>N/ *donn* br.) ; /kx

<sup>1232</sup> juncture and sandhi

<sup>1233</sup> word-finally before *pausa* and utterance finally

<sup>1234</sup> word juncture

<sup>1235</sup> fossilised expressions

<sup>1236</sup> this sporadic voicing is analogous in nature to the regular voicing of stops that occurs as a result of the morphophonological process of nasalisation after some forms of the article

'd<sup>h</sup>eku/ *gun teagamh* (cf. /t<sup>h</sup>eku/ *teagamh* ainr.) ; airson tuilleadh eisimpleirean faic § 5.3.2.2, § 5.3.4.2, § 5.4.5.2, § 5.4.7.2, § 5.4.9.2, § 5.4.11.2, § 5.4.13.2, § 5.4.15.2, § 5.5.4.2, § 5.5.8.2, § 5.5.10.2.

Air an làimh eile, faodaidh sònaraich a bhith air an dì-ghuthachadh (am pàirt ; agus chan eil an ìre de dhì-ghuthachadh sa chumantas ach beag) ro chonsain neo-ghuthach ann an tar-cheangal fhaclan : /e[r<sup>j</sup> t<sup>h</sup>]u: 'N[ui]L<sup>t<sup>h</sup></sup>/ (/er<sup>t<sup>h</sup></sup>u: 'N[ui]L<sup>t<sup>h</sup></sup>/) *air taobh an uillt*, /a[n , 'p<sup>h</sup>]ek'i/ (/an 'p<sup>h</sup>ek'i/) *Iain Peigi* (frith-ainm), /tʃ:ɔ[<sup>y</sup> d<sup>o</sup>]u/ (/tʃ:ɔL 'tu/) *Dòmhnall Dubh* (frith-ainm), /mɑ[r d<sup>o</sup>]ʌ/ (/mɑr tʌ/) *mur do nr. + mion-fhacal preit*. San dara pròiseas seo 's ann a tha dì-ghuthachadh ais-cheumnach againn ; sa chiad phòiseas, air a bheil tuairisgeul sa pharagraf roimhe, 's e guthachadh for-cheumnach a tha ann<sup>1237</sup>. Chan eil na cumhachan a tha a' sonrachadh fear seach fear den dà phròiseas seo soilleir dhomh<sup>1238</sup>.

9.3 Uaireannan cluinnear /R/-chòmhlain le alafonan ais-lùbte an uair a bhitheas /R/, /r/ no /r'/ aig deireadh facal air an leantainn le consain dheudach (palataichte agus neo-phalataichte) ann an tar-cheangal ; a-rithist, is dòcha gum bi seo a' tachairt an uair a tha an tar-cheangal gu sònraichte dlùth, ann an cuid de dh'abairtean cumanta is de dh'abairtean reòidhte<sup>1239</sup>. Gu fòineimeach sna còmhlain seo gheibhear /R/ an àite /r/ agus /r'/, agus deudaich neo-phalataichte an àite dheudach palataichte. Cluinnear mar sin còmhlain de leithid /Rt/, gu fogharach [<sup>y</sup>t<sup>y</sup>], /RS/ ([<sup>y</sup>s<sup>y</sup>]), /RN/ ([<sup>y</sup>n<sup>y</sup>]) (agus faic § 5.12.4 airson beachdachaidh agus tuairisgeil fhogharach air na /R/-chòmhlain san t-suidheachadh an taobh a-staigh facail). Leanar Oftedal (1956 : 162) san earrainn seo ann a bhith a' samhlachadh a leithid de thar-cheangal le /\_ / Eisimpleirean : /<sub>i</sub>mɔR<sub>o</sub>'sɔ/ [<sub>i</sub>mɔ'<sup>y</sup>s<sup>o</sup>h] *mar seo*, /<sub>i</sub>mɔR<sub>o</sub>'sĩn/ [<sub>i</sub>mɔ'<sup>y</sup>s<sup>y</sup>ĩn] *mar sin*, /<sub>i</sub>mɔR<sub>o</sub>'sĩt/ [<sub>i</sub>mɔ'<sup>y</sup>s<sup>y</sup>ĩt] *mar siod*, cf. /mɑr/ *mar* roi. & nr., agus /s'ɔ/ *seo* br. & cgr., /s'ĩn/ *sin* br. & cgr., /s'it/ *siod* cgr. (san abairt seo tha an fhuaimreag /ɑ/ ann am /mɑr/ air a h-atharrachadh gu /ɔ/ mar thoradh air buaidh an /R/ vèilearaichte a tha ga leantainn, cf. § 7.5.3.6) ; /(<sup>y</sup>)'fɛR<sub>o</sub>sɔ/ [(<sup>y</sup>)'fɛs<sup>y</sup>s<sup>o</sup>h] (*am*) *fear seo*,

<sup>1237</sup> in this latter process we have regressive devoicing ; in the former, described in the previous paragraph, it is progressive voicing that occurs

<sup>1238</sup> the conditions specifying one or the other of these two processes are not clear to me

/(\text{r}) 'fɛR\_sɪn/ [(r) 'fɛʃ^yɪn] (*am*) *fear sin*, *cf.* /fɛr/ *fear* ainr. (ach cluinnear cuideachd, is dòcha ann an saor-chaochlaideachd, /(\text{r}) 'fɛr s'ɔ/, /(\text{r}) 'fɛr s' ʃn/); /(\text{r})^N[uɔɹ]\_sin/ [(r) 'n^y uɔʃ^yɪn] *an uair sin*, *cf.* /[uɔɹ]r'/ *uair* ainr.; /k^h ehɔR\_ 't[iɔɹ]k/ /k^h eh[ə 't^y][iɔɹ]k/ *ceithir-deug àireamh*, agus /, iũ:N ɔR\_ 't[iɔɹ]k/ /, iũ:N [ɔ 't^y][iɔɹ]k/ *aon uair deug* ('ELEVEN O'CLOCK'), *cf.* /t' [iɔɹ]k/ *deug br.*; /, iɔR\_ 'N ʃs'/ [iɔɔ 't^y ʃj] *Ionbhar Nis* ainr. dil., bt. 'Inbhir Nis' (a-rithist, le /ɔ/ ron /R/), *cf.* /, iɔɔR\_ 'a:stɔL/ *Ionbhar-àstal* ainr. dil. (ainm baile 'INVERASDALE'); /, k^h ɔR\_ 'Ne:l's/ [k^h ɔ 't^y e'j's] *car-nèils* ainr. iol., bho BA **carron-nails** ('tarragan mòra a cheanglas cairt ris an aiseil').

San abairt /, tɔ: ɔ 're:k/ *dà uair dheug* ('TWELVE O'CLOCK'), agus sna h-ainmean-àite /, p^h ɔRst ɔLɔstɔ 'r[ũi]N'/ *Port Alastair Dhuinn* agus /ɔ xɔhɔ 'ruɔ'/ *a' Chathair Dhuibh*, gheibhear /r/ bho sheann /r'/ gun bheum aig deireadh facail plus /ɔ'/ no /ɔ/ aig toiseach an lide le beum a tha ga leantainn (agus an /ɔ'/ no /ɔ/ aig toiseach an lide le beum air chall).

9.4 Cluinnear eadar-chàradh ann an réalachadh fogharach nan sònarach anailichte. Aig meadhan facail agus aig toiseach facail an dèidh fuaimreig tha na sònaraich seo iar-analaichte; ach aig toiseach facail an dèidh consain (agus cuideachd an dèidh *pausa*) 's e ro-analachadh a chluinnear orra: faic § 5.9.1.1 airson tuairisgeil fhogharaich.

9.5 Uaireannan bi /k/ gun bheum (bho sheann \*/ɔ/ gun bheum) aig deireadh facail air chall ro chonsain. Gheibhear seo gu riaghailteach sna riochdan cumhach de ghniomhairean ro na riochdairean pearsanta, ach bidh e tachairt ann an cuid de shuidhichidhean eile cuideachd: faic § 7.9.3.17.

9.6 Airson tuairisgeil agus beachdachaidh air /h/ sandhi a chluinnear aig crìochan fhaclan eadar fuaimreagan no eadar /ɔ'/ agus fuaimreag faic §§ 5.8.1.1(4) agus 5.8.1.4. A thaobh bàthaidh agus call air /ɔ/ gun bheum faic § 6.4.2.

---

<sup>1239</sup> fossilised expressions

